



Highlands and Islands
Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta



Ro-innleachd Seasmhachd 2023-33

Mu ar deidhinn

'S e companaidh earranta phriobhaideach a th' ann am Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) a tha fo shealbh Ministearan na h-Alba agus a tha cunntachail airson stiùireadh agus ruith 11 puirt-adhair sgìreil suidhichte sna h-àiteachan a leanas Barraigh, Beinn na Faoghla, Ceann Loch Chille Chiarain, Dùn Dè, Inbhir Nis, Ìle, Kirkwall, Stromness, Steòrnabhagh, Sumburgh, Tiriodh agus Inbhir Ùige Taigh Iain Ghròt.

Ag obair le ar luchd-ùidh, tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ròl shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhersnachdan as iomallaiche san dùthach againn.

Tha na priomh gniomhan againn a' gabhail a-steach:

- A' ruith phuirt-adhair a bhios a' leantainn inbhean riaghlaidh agus a' cumail taic ri ceangailteachd còmhdaill deatamach
- A' cumail suas agus a' leasachadh bun-structar agus seirbheisean puirt-adhair
- Ag obair le loidhneachan-adhair is eile gus a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh seirbheisean adhair sgeidealaichte, air siartair, agus bathair
- A' cur ris an teachd a-steach choimeirsealta againn gus am bi an gniomhachas nas ath-leumaiche.



Clàr-innse

| | | | |
|--|----|---|----|
| Facal-tòiseachaidh | 1 | Cuspair 2 – A' cumail taic ris na coimhersnachdan is ris na daoine againn | 13 |
| Ro-ràdh | 3 | Colbh 6 – Na Daoine againn | 13 |
| Ar Misean agus ar n-Àrd-amas | 4 | Colbh 7 – Na Coimhersnachdan againn | 14 |
| Ar Luachan | 4 | Colbh 8 – Fuaim | 15 |
| Ar dòigh-obrach a thaobh seasmhachd | 5 | Colbh 9 – Ruigsinneachd air an talamh | 16 |
| Cuspair 1 – A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn | 7 | Cuspair 3 – Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin | 17 |
| Colbh 1 – Riaghlaidh Sgudail | 7 | Colbh 10 – A' cumail taic ris an roinn gus di-charbonachadh | 17 |
| Colbh 2 – Riaghlaidh Uisge | 8 | Fios thugainn | 21 |
| Colbh 3 – Èifeachdas Lùths | 9 | | |
| Colbh 4 – Càileachd an Adhair | 10 | | |
| Colbh 5 – Eag-eòlas agus Cruth-tire | 11 | | |

* Chaith HIAL a stèidheachadh ann an Dùn Èideann air 4 Màrt 1986 mar chompanaidh earranta phriobhaideach. Air 1 Giblean 1995, ghuais seilbh na companaidh bho Ùghdarris Ìtealachd Shiobhalta na RA gu Rùnaire na Stàite airson Alba agus an uair sin do Mninistearan na h-Alba. Bidh HIAL a' faighinn thabhartasan bho Riaghaltas na h-Alba a rèir earrainn 34 de dh' Achd na h-Ìtealanachd Siobhalta 1982 agus a' faighinn taic bho Chòmhdaill Alba – Buidheann-stiùridh Ìtealain, Mhuireil, Bathair is Chanàlan.

Facal-tòiseachaidh

Tha an sgrìobhainn seo a' cur an cèill Ro-innleachd Seasmhachd aig Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta (HIAL) airson 2023-2033.

Tha i a' cumail taic ris an Ro-innleachd agus Plana Ath-shlànachaidd Covid-19 2021-26 againn a tha a' suidheachadh nan amasan agus nam priomhachasan ro-innleachdail a tha sinn air comharrachadh gus lionra puirt-adhair roinneil a thogail le Cothromachadh-carboin, agus aig an aon àm a bhith a' cumail air a' toirt taic do shoirbheas eaconamach agus a' libhrigeadh bhuannachdan sóisealta do choimhairsnachdan air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha an t-stri an aghaidh atharrachadh na gnàth-shide na chùis èiginneach do riaghaltasan. Tha Alba air Suidheachadh-èiginneach na Gnàth-shide a ghairm agus tha i air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na gealltanasan aice a thaobh na gnàth-shide. Tha iad seo a-nis am measg nan amasan as àrd-amasaiche san t-saoghal, ag iarraidh cothromachadh-carboin a thaobh eimiseanan gasaichean taigh-ghlainne ro 2045. A bharrachd air sin, tha Riaghaltas na h-Alba air targaid a shuidheachadh gum bi a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan mar a' chiad sgìre adhair le cothromachadh-carbon san t-saoghal ro 2040.

Gus cuideachadh gus an targaid sin a choileanadh, 's e ar miann gum bi tursan-adhair gu agus bho phuirt-adhair HIAL air stèidh sheasmhach ro 2040.

Ann an 2020, thug na cuingealachaidhean co-cheangailte ri galar lèir-sgaoilte Covid-19 buaidh mhòr air gniomhachas nan seirbheisean adhair, a' cumail a' mhòr-chuid de thrafaig adhair air an talamh ann an Alba, san RA agus air feadh an t-saoghal. Chuidich seo gus fòcas nas soilleire a chur air na geallaidean gnàth-shide agus àrainneachdail againn.

Tha aire a' phobaill gu mòr air roinn na còmhdaill adhair agus an gniomhachas ag ath-shlànachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte. Tha misneachd luchd-siubhail agus àireamh nan tursan-adhair a' dol am meud, agus tha am fòcas air ath-bheothachadh uaine a tha ag amas air cur an-aghaidh buaidh seirbheisean-adhair air atharrachadh na gnàth-shide bho shealladh àrainneachd fiosgail a tha air leth dùblanach.

Tha an ro-innleachd againn stèidhichte air trì priomh chuspairean:

- A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn
- A' cumail taic ris na coimhairsnachdan is daoine againn
- Ag obair ann an com-pàirteachas le roinn nan seirbheisean adhair gus Cothromachadh-carboin a ruigsinn.

Tha 10 colban a' cur fòcas ro-innleachdail air na priomh chuspairean sin.



Port-adhair Bheinn na Faogha



Port-adhair Steòrnabhaigh

Ro-ràdh

Agus sinn a' leantainn oirnn leis an t-slighe ath-bheothachaidh againn às dèidh a' ghalair lèir-sgaoilte, tha e nas cudromaiche a-nis na bha e riamh a bhith ag obair gus lèirsinn sheasmhach a libhrigeadh do sheirbheisean adhair air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan san àm ri teachd.

Tha HIAL ag obair ann an àrainneachd air leth, ach dùbhlach. Faodaidh na feartan a tha a' fàgail gu bheil na puit-adhair againn cho sònraichte na dùbhlain aca fhèin a thoirt seachad. Mar thoradh air an sgire chruinn-eòlasach fharsaing agus eadar-mheasgte a bhios sinn a' frithealadh, cho math ris an t-suidheachadh iomallach aig mòran de na puit-adhair againn, tha cosgaisean nas àirdé ann agus nas lugha de chothroman ann gus gniomhan a dhèanamh gus na geallaidhean seasmhachd againn a choileanadh.

A chionn 's nach eil ach beagan roghainnean siubhail air uachdar ann, tha ceanglaichean adhair deatamach do na cèarnaidean as iomallaiche den Ghàidhealtachd, agus gu sònraichte do na h-Eileanan. Bidh puit-adhair HIAL a' cur seirbheisean loidhne-teasairginn agus ceanglaichean adhair a tha riatanach do na coimhairsnachdan againn an comas.

Agus sinn a' feuchainn ri lionra seirbheisean adhair amalaichte a ghleidheadh, agus fiù 's a leudachadh gus taic a chumail ri ceanglaichean adhair dhan sgire againn, agus gus cur riutha, tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn a bhith a' lùghdachadh na buaidh àrainneachdail againn aig an aon àm – agus a bhith a' coileanadh targaid Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cruthachadh sgire adhair le cothromachadh-carboin ro 2040.

Shealbhaich HIAL oighreachd a bhà gu ire mhòr stèidhichte air bun-structar bho àm an dàrna cogaidh agus a tha air duilgheadasan dileib adhbharachadh dhuinn. Ach, mar luchd-gleidhidh nam port-adhair againn airson nan ginealaichean ri teachd, tha e mar dhleastanas oirnn am bun-structar againn ùrachadh agus a bhith a' gabhail ri òrdughan seirbheisean adhair seasmhach a chuidicheas sinn gus ar lèirsinn a choileanadh mar bhuidheann puit-adhair roinneil le cothromachadh-carboin.

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an Lèirmheas Caitheamh Ghoireasan aca air 31 Cèitean 2022. Tha seo a' cur an cèill criochan àrd-ire airson caitheamh ghoireasan airson buidseatan Albannach san àm ri teachd suas gu 2026-27. Tha na buidseatan taisbeanach seo a' sealtainn lùghdachadh san airgead a tha ri fhaotainn do HIAL thairis air an ath thri no ceithir bliadhna agus tha iad nan dùbhlain maoineachaidd mòr dhan chompanaidh san àm ri teachd. Tha an cuideam a chruthaicheas seo air a dhèanamh nas miosa le àrdachadh atmhorachd agus dùbhlain bho phrisean a tha ag èirigh a bheir buaidh còmhla air an lèirsinn againn cothromachadh-carboin a bhith againn.

Ach tha na dùbhlain sin cuideachd a' toirt chothroman dhuinn coimhead air modalan obrachaidh eile. Cha bhi aon fhuaigeadh ann a fhreagras air a h-uile suidheachadh, agus cumaidh sinn oirnn a' lorg dhòighean ùr-ghnàthach gus ar cuid obrach a dhi-charbonachadh agus gus seirbheisean adhair nas uaine a chur an comas.

Sa bhliadhna mu dheireadh, chuir sinn crioch air a' phrògram gus solais lùth-èifeachdach a chur a-steach anns na puit-adhair againn uile. Tha na planaichean againn gus uidheamachd taobh-adhair fhaighinn nach bi a' cleachdadh diosail a' dol air adhart gu mòr.

Tha sinn a' toirt a-steach aonadan teàrrsidh cumhachd measgaichte air an talamh gus taic a thoirt do lùghdachadh carboin agus gus eimiseanan piob-traoghaidh a leasachadh, agus thèid iad sin a thoirt air mòl do na riochdairean làimhseachaidh talmhainn againn.

Tha na rampaichean-bòrdaidh a tha a' cleachdadh cumhachd na gréine a tha gan cleachdadh aig na puit-adhair nas fheàrr dhan neach-siubhail agus a' toirt dhuinn fuasgladh a tha math dhan àrainneachd gus luchd-siubhail a chuideachadh air agus far itealain aig na puit-adhair gu lèir aig HIAL. Rinn HIAL rud gu tur ur nuair a chuir iad solais talmhainn le cumhachd na gréine ann aig Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain. Tha iad sin air a bhith soirbheachail agus èifeachdach agus thèid na solais seo a chur ann am Port-adhair Thiriodh a-nis.

Thàinig a' chiad ire den phrògram ùr-ghnàthach Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE) gu crich gu soirbheachail ann an 2022. Bha ire 1 a' gabhail a-steach tursan-adhair soirbheachail a' taisbeanadh teicneòlas itealain seasmhach ùr-ghnàthach, a chomharraich buannachdan dha-riribh do choimhairsnachdan iomallach. Agus am measg dhiubh sin, tha na deuchainnean dròn mòra gus post a libhrigeadh do choimhairsnachdan iomallach a rinn Windracers agus am Post Rioghail, a thug air a' Phost Rioghail sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh an teicneòlais seo aig ire mòran nas fharsainge.

A' coimhead air adhart ri 2022/23, thug UK Research and Innovation (UKRI) £8.9m seachad mar phàirt de cho-fhpais Dùbhlain Seirbheisean-adhair san àm ri Teachd airson an ath cheum de leasachadh SATE. Bheir seo comas dhan phròiseact a mhiann a leudachadh gu bhith na ionad Sàr-mhathais airson Seirbheisean-adhair Roinneil Seasmhach na RA.

Is e ro-innleachd fhad-ùine a tha seo, agus tha sinn ag aithneachadh gun atharraich na priomhachasan againn, agus priomhachasan nan com-pàirtichean agus luchd-ùidh againn thar uine agus gluasadan ùra a' tighinn am bàrr agus gum feum sinn a bhith sùbailte.

Tha sinn a' tuigsinn gum bi an turas seo doirbh, ach tha sinn fhathast dealasach a thaobh lionra puit-adhair seasmhach a libhrigeadh. Cumaidh sinn oirnn ag obair le Riaghaltas na h-Alba, na com-pàrtichean againn sna companaidhean adhair, luchd-ùidh ionadail, agus coimhairsnachdan gus an ro-innleachd againn a libhrigeadh agus gus ar miann a bhith nar buidheann puit-adhair roinneil le cothromachadh-carboin a thoirt gu buil.



Lorna & Jackie

**Lorna Jack
Cathraiche Bòrd, HIAL**



Oly / Inglis

**Inglis Lyon
Manaidear-stiùiridh, HIAL**

Ar misean agus ar n-Àrd-amas

Bidh sinn a' cur an comas ceanglaichean adhair agus a' cumail taic ri seirbheisean loidhne-teasairginn do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh tro à lionra de phuirt-adhair seasmhach.

Is e ar n-amas a bhith nar 'buidheann port-adhair le cothromachadh-carboin'.

Ar Luachan

Tha na luachan againn aig cridhe gach rud a nì sinn agus mar a nì sinn e. Tha iad a' toirt cumadh air ar cultar agus tha iad a' mineachadh cò sinn; na tha sinn a' sùileachadh bho chèile; mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le chèile agus mar a bhios sinn ag eadar-obrachadh le ar custamairean, coimhearsnachdan agus luchd-ùidh eile. Tha cultar làidir stèidhichte air luachan a tha a' cumail taic ri libhrigeadh nam priomhachasan ro-innleachdail againn aig cridhe ar soirbheis san tòine fhada.

Openness



Bidh sinn ag obair còmhla gus earbsa a thogail anns an eòlas/ sna sgilean againn; chan eil sinn ag obair ann an silothan fèin-ùidh.

Respect



Bidh sinn daonnan ag èisteachd ri, agus a' freagairt ri custamairean agus coobraichean; cha dèan sinn dearmad air feumalachdan chàch.

Innovation



Tha sinn daonnan a' feuchainn ri rudan a dhèanamh nas fheàrr san àm ri teachd, cha bhi sinn dìreach a' gabhail ris an status quo.

Ownership



Bidh sinn daonnan a' gabhail uallach airson ar cuid gniomhan; chan eil sinn an dùil gun dèan daoine eile seo.

Excellence



Bidh sinn daonnan a' dèanamh ar dicheall gus an ire as fheàrr as urrainn dhuinn a libhrigeadh; cha ghabh sinn ri dad nas lugha.

Ar dòigh-obrach a thaobh seasmhachd

Tha an Ro-innleachd Seasmhachd againn a' cur an cèill gealltanasan làidir a thaobh seasmhachd do na puirt-adhair againn thar nan 10 bliadhna ri teachd.

Tha sinn dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic dhan ròl shòiseo-eaconamach dheatamach aig seirbheisean adhair ann an Alba le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh nam port-adhair agus nan ceanglaichean a bheir iad seachad airson cuid de na coimhairsnachdan as iomallaiche san dùthaich againn. Mar bhunait ris an amas seo tha gealltanasa a bhith a' fàs agus a' leasachadh gu seasmhach.

Tha sinn air dòigh-obrach phractaigeach agus chùramach a ghabhail a thaobh nan dleastanasan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail againn. Tha sinn air na phriomhachasan againn a stèidheachadh agus thèid planaichean gniomh mionaideach a chruthachadh gus an urrainn dhuinn ar gealltanasan a choileanadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air Frèam Coileanaidh Nàiseanta a chur an gniomh, a tha a' co-thaobhadh ri Amasan Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte (*Sustainable Development Goals – SDG*) agus a' suidheachadh adhbhar agus lèirsinn airson na h-Alba tro 11 builean nàiseanta. Tha an ro-innleachd againn a' co-thaobhadh ris na builean nàiseanta sin.

Tha an ro-innleachd seasmhachd againn stèidhichte air trì priomh chuspairean:

- A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn
- A' cumail taic ris na coimhairsnachdan is daoine againn
- Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin



Cuspair 1 – A' Lughdachadh na Buaidh Àrainneachdail againn

- Colbh 1 – Riaghladh Sgudail
- Colbh 2 – Riaghladh Uisge
- Colbh 3 – Èifeachdas Lùths
- Colbh 4 – Càileachd an Adhair
- Colbh 5 – Eag-eòlas agus Cruth-tire



Cuspair 2 – A' cumail taic ris na coimhairsnachdan is ris na daoine againn

- Colbh 6 – Na Daoine againn
- Colbh 7 – Na Coimhairsnachdan againn
- Colbh 8 – Fuaim
- Colbh 9 – Ruigsinneachd air an talamh



Cuspair 3 – Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin

- Colbh 10 – Ag obair ann an com-pàirteachas le roinn nan seirbheisean adhair nas fharsainge gus Cothromachadh-carboin a ruigsinn.

Tha sinn ag aithneachadh nach urrainn dhuinn ar n-amasan a libhrigeadh leotha fhèin, feumaidh sinn com-pàirteachasan làidir a chruthachadh agus obrachadh còmhla gus an ro-innleachd againn a libhrigeadh gu soirbheachail.

Bidh sinn ag obair le raon farsaing de chom-pàirtichean agus luchd-ùidh a' gabhail a-steach nan daoine againn, na com-pàrtichean againn sna companaidhean adhair agus na coimhairsnachdan ionadail againn, agus bidh pàirt chudromach aca uile ann a bhith gar cuideachadh gus an ro-innleachd againn a libhrigeadh. Tha sinn a' gealltann gum bi conaltradh cunbalach againn leis an luchd-ùidh againn gus cuideachadh le bhith a' tuigsinn agus a' dèiligeadh ris na priomh cheistean agus draghan aca.

Tha sinn ag aithneachadh gun atharraich beachdan agus priomhachasan an luchd-ùidh againn thar ùine agus chaidh an ro-innleachd seo a chruthachadh agus sinn mothachail air seo. Tha sinn mothachail gur dòcha gun toir gach colbh buaidh air na puirt-adhair againn ann an diofar dhòighean thar beatha na ro-innleachd. Tha sinn air gealltann Siostam Riaghlaidh Àrainneachd a chruthachadh a bhios a réir inbhean càileachd deagh chleachdadh a tha air am mineachadh ann an ISO 14001 gus taic a thoirt do na puirt-adhair againn a bhith a' libhrigeadh na ro-innleachd seo.

Ged a tha sinn dealasach a thaobh Cothromachadh-carboin a choileanadh, tha a' ghnàth-shide ag atharrachadh agus fiù 's ged as urrainnear a' bhuaidh as miosa air a' ghnàth-shide a sheachnadh bidh atharrachaidhean ann fhathast a dh'haodadh buaidh a thoirt air ar cuiid obrach. Mar sin, cruthaichidh sinn pasgan obrach gus buaidhean atharrachadh na gnàth-shide a thuigsinn, measadh a dhèanamh air cho ullaichte 's a tha sinn agus gus atharrachadh sam bith a dh'haodadh a bhith a dhith a dhèanamh.

Cruthaichidh sinn structar riaghlaidh làidir gus dèanamh cinnteach gu bheil na geallaidhean againn air an libhrigeadh, agus gun tèid adhartas a sgrùdadh tro aithisgean coileanaidh cunbalach.

Tha seasmhachd a' ciallachadh a bhith a' coileanadh nam feumalachdan a th' againn aig an àm seo, gun a bhith a' toirt buaidh air comas nan ginealaichean ri teachd coinneachadh ris na feumalachdan aca agus tha trì priomh chuspairean ann; cothromas sòisealta, seasmhachd eaconamach agus dion na h-àrainneachd.







Cuspair 1 – A’ lùghdachadh na Buaidh Àrainneachdail againn

Tha sinn ag aithneachadh na buaidh as urrainn a bhith aig ar cuid obrach air an àrainneachd ionadail, agus tha sinn dealasach a thaobh na buaidhean sin a thuigsinn agus a lùghdachadh.

Colbh 1 – Riaghlaidh Sgudail

Tha mu 80% de lorg carboin na h-Alba a’ tighinn bho bhathar agus stuthan a bhios sinn a’ caitheamh¹. Tha stòrasan stuthach cuibhrichte agus pátrairn caitheamh a tha a’ fàs a-nis na dhùblan cruinneil. Tha e mar dhleastanas oirnn an sgudal a thig às ar n-obair a riaghlaidh gu h-éifeachdach agus builean sgudail a lùghdachadh chun na h-ire as isle ’s a ghabhas.

Tha e do-sheachanta gun cruthaichear beagan sgudail mar thoradh air a bhith a’ ruith port-adhair trang. Tha fios againn gum feum sinn ceumannan gniomhach a ghabhail gus na bhios sinn a’ cruthachadh a lùghdachadh agus a bhith ag ath-chuaireachadh nas urrainn dhuinn, a’ gluasad bho eaconamaidh shreathach gu eaconamaidh chearcallach. Ach, feumaidh an dòigh-obrach againn a thaobh riaghlaidh sgudail cuideachd coimhead air na dùblain loidsistigeach aig cuid de na puitr-adhair agus aig bun-structair ionadail. Mar eisimpleir, chan eil mòran cothrom aig cuid de na puitr-adhair iomallach againn air goireasan ath-chuaireachaidh agus ann an suideachaidhean mar sin, obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail gus na cothroman cuaireachaidh sin a leasachadh.

Tha HIAL air Poileasaidh Lùghdachadh Plastaig a chur an gniomh mar-thà, a’ gealltann cleachdadhean plastraig a lùghdachadh air feadh buidheann HIAL agus tha grunn iomairtean san amharc againn gus taic a chumail ri libhrigeadh ar priomh amasan.

Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Tuigidh sinn na sruthan sgudail againn gus cothroman leasachaidh a chomharrachadh le bhith a’ dèanamh sgrùdaidhean sgudail aig a h-uile port-adhair
- Ag obair ann an com-pàirteachas leis an luchd-ceedachaidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn deiseil airson reachdas Sgeama Èirlais
- Nì sinn cinnteach gu bheil bionaichean agus soidhnichean air an suidheachadh gu soilleir gus ath-chuaireachadh a bhrosnachadh agus a chur air adhart
- Nì sinn sgrùdadh air agus bheir sinn a-steach prionnsapalan eaconamaidh chearcallach ann am pròiseactan calpa
- Cumaidh sinn oirnn a’ conaltradh le sgioabaidhean air feadh nam port-adhair air iomairtean lùghdachadh sgudail
- Cuir taic ri iomairtean nàiseanta le leithid Zero Waste Scotland agus Keep Scotland Beautiful. Mar eisimpleir, a’ togail sgudal, agus a’ gabhail pàirt ann am buidhnean-obrach gus taic a chumail ri leasachadh reachdais.

¹ Zero Waste Scotland, 2021

² Ach a-mhàin sgudal Solarachaidh-bidh eadar-nàiseanta (ICW) air am feumar cuiidteas faighinn tro thiodhlacadh domhain ann an lionadh-talmhainn ùghdarrachte.


Sgrùdadh Cùise – An Eaconamaidh Chearcallach

Tha eaonamaidhean traidiseanta stèidhichte air modail sreachach; tha goireasan neo-chriochnach, bidh sinn a’ faighinn goireasan, a’ caitheamh agus a’ faighinn cuihidteas sgudal. Tha fios againn a-nis nach ann mar seo a tha cùisean, agus feumaidh sinn clearcall-beatha stuthan a leudachadh tro ath-chleachdadhean, càradh agus ùr-ghnàthachadh chun na h-ire as mothà ’s a ghabhas.

Ann an 2022 thug sinn seachad uidheamachd teine is teasairginn nach robh a dhith oirnn tuilleadh dhan Chomann Smàlaidh is Teasairginn Eadar-nàiseanta (IFRA). Bha an tabhartas a’ gabhail a-steach uidheamachd dion pearsanta, uidheamachd trauma, teasairginn uisge agus uidheamachd smàlaidh bho ghrunn de na puitr-adhair againn.

Tha e na phàirt de luchd nas mothà de thabhartasan a chuir an carthannas a-null thairis gus cuideachadh le bhith a’ dion agus ag uidheamachadh nan seirbheisean eiginn ann an dùthchannan san treas saoghal. Gu ruige seo tha IFRA air 107 carbad, 77 cointéanaran a chur agus air 72 misean trèanaidh a dhèanamh ann an 24 dùthaich air feadh an t-saoghal.

Eaconamaidh Shreathach Eaconamaidh Ath-chuaireachaidh Eaconamaidh Chearcallach



Priomh-amasan

- Cuir taic ri luchd-ceedachais puitr-adhair gus piseach a thoirt air irean ath-chuaireachaidh measgaichte aig puitr-adhair tro bhith a’ buileachadh an Sgeama Èirlais ro 2023
- A bhith a’ brosnachadh ath-chleachdadhean is ath-chuaireachadh gus na sruthan sgudail againn a lùghdachadh leis an amas dèanamh cinnteach nach tèid sgudal sam bith a chur gu lionadh talmhainn ro 2027²
- Cuir às do phlastraig aon-chleachdadhean ro 2027.



A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn

Colbh 2 – Uisge

Tha ire cleachdaidh uisge àrd aig puirt-adhair mar thoradh air na diofar chleachdaidhean obrachaidh de dh'uisge òil is neo-òil, a' gabhail a-steach trèanadh teine, glanadh, taighean-beaga agus uisge-òil. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil lionra uisge earbsach is èifeachdach ann, le fòcas air a bhith a' lorg agus a' càradh aoidion agus a' cur ri èifeachdas uisge.

Is urrainn sruthadh uisge uachdar bho phuirt-adhair a bhith cronail dhan àrainneachd mar thoradh air stuthan truaillidh a thathar a' cleachdadhus dèanamh cinnteach gu bheil cùisean sàbhailte, a' gabhail a-steach copan smàlaidh, stuthan glanaidh, agus stuth di-reothaidh. Is urrainn seo droch bhuaidh a thoirt air àrainnean dhan téid e agus faodaidh e buaidh a thoirt air càileachd uisge shios an abhainn bhon phort-adhair. Tha seo gu sònraichte cudromach airson làraichean aig a bheil inbhe, mar eisimpleir, mar Sgìrean Dion Mara. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha na h-uisgeachan againn do na sgìrean ionadail agus a thaobh cur-seachadan agus tha sinn air rùnachadh droch bhuaidh sam bith a lùghdachadh.

Shuidhich Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba (SEPA) na criochan sgaoilidh tro na ceadan obrachaidh againn, agus tha sinn air gealltann cumail ris na h-inbhean sin. Tha modhan làidir is cunbalach againn an sàs gus sùil a chumail air na sgaoilidhean againn agus gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cumail ri cumhachan a' chead againn.

Thairis air na bliadhnaichean mu dheireadh, tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na modhan làimhseachaidh uisge againn agus tha sinn air ceumannan mòra a ghabhail gus piseach a thoirt air càileachd an uisge a tha ga leigeil ma sgaoil, gus buaidh ar gnìomhachd geomhraidh a lasachadh. Tha sinn air grunn iomairean a phlanadh gus taic a chumail ri bhith a' libhrigeadh ar priomh amasan.

Gu sònraichte, nì sinn na leanas:

- Conaltradh a dhèanamh le luchd-ceadachais puirt-adhair mu chleachdadhus uisge
- Plana Gniomh Stuthan Per- agus Polyfluoroalkyl (PFAS) a chruthachadh
- Leantainn oirnn a' cumail sùil air sruthadh uisge uachdar
- Sgrùdadh a dhèanamh air ceumannan sàbhalaidh uisge ann am pròiseactan ùra, leithid buain uisge-adhair
- Obrachadh le puirt-adhair eile gus na cleachdaidhean as fheàrr a cho-roinn a thaobh èifeachdas agus sgaoilidhean uisge.

Sgrùdadh Cùise – Carbadan Di-reothaidh

Tron gheamhradh, tha di-reothadh phléanaichean, rathaidean, slighean agus an raoin-adhair deatamach gus obrachadh sàbhailte a bhith ann, ach foadaidh na ceimigean a thèid a chleachdadhus droch bhuaidh a thoirt air cursaichean uisge ionadail. Tha HIAL air grunn cheuman a ghabhail gus piseach a thoirt air èifeachdas obair di-reothaidh agus gus droch bhuaidhean a lùghdachadh ach aig an aon àm a bhith a' cumail suas obair sàbhailte.

Tha sinn air airgead a thasgadh ann an carbadan di-reothaidh ùra airson Inbhir Nis agus Sumburgh, a tha comasach air raointean-laighe, slighean tagsaigh agus aparanan a dhi-reothadh. Bidh na carbadan sònraichte a' libhrigeadh dòsan mionaideach agus èifeachdach de lionn di-reothaidh agus a' cleachdadhus siostam treòrachaidh a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil còmhach 100% ann le siostam cuimhne a chuireas casg air cus frasadh lionn di-reothaidh. Is e a bhith a' lùghdachadh na th' ann de stuth di-reothaidh a thèid a sgaoileadh aon de na dòighean as fheàrr air ar droch bhuaidhean àrainneachd a lùghdachadh. Aig na puirt-adhair eile againn tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air na riatanasan obrachaidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na carbadan agus na pròiseasan di-reothadh cho èifeachdach 's a ghabhas.

Priomh-amasan

- Lùghdaich caitheamh uisge 35% air feadh buidheann HIAL ro 2027
- Faigh sgòran 'sàr-mhath' SEPA CAS airson nam port-adhair uile againn ro 2027
- Dèilig ri truailleadh talmhainn aig puirt-adhair HIAL ri linn cleachdadhus fearainn eachdraidheil.



A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn

Colbh 3 – Èifeachdas Lùths

Tha èifeachdas lùths a' cur gu mòr ri leasachaidhean ann an riaghadh carboin agus cuidichidh seo le bhith a' coileanadh targaid Riaghaltas na h-Alba gus sgire seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin a bhith ann ro 2040. Tha dòigh-obrach fhor-ghniomhach aig HIAL a thaobh lùths le bhith a' cumail sùil air caitheamh, a' comharrachadh àiteachan teth, agus a' buileachadh leasachaidhean air èifeachdas lùtha.

Tha sinn air grunn cheumannan a ghabhail mar-thà gus caitheamh lùtha a lughdachadh agus gus taic a thoirt do libhrigeadh ar priomh amasan, a' gabhail a-steach:

- A' cur carbadan dealain an àite seann charbadan obrachaidh puirt-adhair, le planaichean air an cur an sàs mar-thà aig puirt-adhair Sumburgh agus Inbhir Nis agus le prògram ùrachaidh an sàs thar nam port-adhair eile againn uile
- Planaichean a tha a' dol air adhart gus uidheamachd taobh-adhair ùr fhaighinn nach bi a' cleachdadhs diosail. Tha sinn a' toirt a-steach aonadan teàirrdsidh cumhachd measaichte air an talamh gus taic a thoirt do lughdachadh carboin agus gus piseach a thoirt air eimiseanan piob-traoghaidh a thèid a thoirt air màl do na riochdairean làimhseachaidh talmhainn againn
- A' cur air adhart a' phrògram ath-nuadhachaidh LED agus prògraman ath-sholarachaidh teas-ghlèidheadh. Ann an 2021, chuir sinn crion air a' phrògram gus solais lùth-èifeachdach a chur a-steach anns na puirt-adhair againn uile
- A' faighinn carbadan smàlaidh nas lugha an àite carbadan nas mothà, le sàbhalaidean de 30% air caitheamh diosail
- A bhith a' cur a-steach siostam teas is cumhachd aonaichte seasmhach aig Port-adhair Kirkwall ann an co-obraichadh le Ionad Cumhachd Mara na h-Eòrpa (EMEC). Ann a' phròiseact seo thèid a' chiad siostam CHP a tha 100% haidridean san RA a chur a-steach
- A' toirt a-steach rampaichean-bòrdachaidh le cumhachd na gréine gus luchd-siubhail a chuideachadh air agus far itealain
- Mar phriomh chom-pàirtiche ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd 's nan Eilean, obraichidh HIAL leis a' bhuidhinn luchd-ùidh seo gus com-pàirteachasan cumhachd ath-nuadhachail a thoirt air adhart.

Sgrùdadh Cùise – A' dol dealanach

Tha sinn air tri carbadan làn dealain a chur an àite tri carbadan obrachaidh aig Port-adhair Sumburgh. Bithear a' cleachdadhs nan carbadan obrachaidh airson dileastanasan obrachaidh taobh an adhair agus taobh na talmhainn agus le bhith ag atharrachadh gu carbadan dealan cha bhi sinn direach a' lughdachadh nan eimiseanan carbon againn ach bidh seo cuideachd a' lughdachadh droch bhuidhean air càileachd adhair. Tha prògram leantainneach an sàs gus na carbadan dealain againn a sgaoileadh, far an gabh sin déanamh, do na puirt-adhair uile againn.

Tha an Ro-innleachd Charbadan is Uidheam againn a' cumail taic ris an targaid Cothromachadh-carboin againn tro bhith ag ùrachadh ar cabhlach de charbadan obrachaidh. Le bhith a' ceannach uidheamachd agus carbadan ioma-adhbhar, a' gabhail a-steach farsaingeachd de charbadan dealain, measgaichte agus carbadan a tha a' gèilleadh ri riaghaltean eimiseanan, bidh sinn a' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn agus cuideachd a' thoirt piseach air èifeachdas obrachaidh agus a' gnàthachadh ar cabhlach gus am bi e nas èifeachdaich a chumail suas.

Priomh-amasan

- A' coimhead air a bhith a' togail co-ionadan lùths coimhearsnachd le comhairlean ionadail le bhith a' toirt aoigheachd do bhun-structair lùths ath-nuadhachail ionadail
- Comharrach agus cur an gniomh cothroman di-charbonachadh thogalaichean agus bun-structair
- Dèan conaltradh le luchd-gabhail gus mothachadh a thogail mu èifeachdas lùths. Comharrach cothroman airson obair com-pàirteachais agus ùr-ghnàthachadh gus com-pàirteachasan lùths ath-nuadhachail a thoirt air adhart gus taic a chumail ri targaidean lùths is carboin HIAL agus aig an aon àm a' toirt teachd-a-steach agus bun-structair do choimhearsnachdan ionadail.



A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn

Colbh 4 – Càileachd an Adhair

Bidh mòran diofar thùsan truaillidh a' toirt buaidh air càileachd adhair ionadail. Tha iad sin a' gabhail a-steach tùsan eimisein taobh an adhair agus gniomhachd talmhainn, leithid carbadan taobh an adhair agus gniomhachd itealain ire talmhainn a bharrachd air sgaoilidhean bho charbadan a bhios a' siubhal gu agus air ais bhon phort-adhair a th' air a chruthachadh le luchd-siubhail, luchd-obrach puirt-adhair agus le libhrigidhean.

Bidh Ùghdarrasan Ionadail a' cumail sùil air càileachd adhair, agus chan eil ach aon Raon Riaghlaidh Càileachd Adhair (AQMA) air a chomharrachadh, ann am meadhan baile Inbhir Nis. Tha an AQMA seo gu ire mhòr mar thoradh air buaidhean trafaig rathaid ionadail agus chan eil e co-cheangailte ri obair a' phuirt-adhair.

Tha sinn ag aithneachadh nam buaidhean slàinte as urrainn droch chàileachd adhair adhbharachadh agus cumaidsinn oirnn a' sireadh nan dòighean as èifeachdaiche air sgaoilidhean bho ar cuid obrach a lùghdachadh.

Gus taic a chumail ri libhrigeadh nam priomh amasan againn, ni sinn nas leanas:

- Thoir a-steach cleachdaidhean dràibhidh èifeachdach anns na modalan trèanaidh dhràibhearan againn
- Cùm sùil air atharrachaidhean san reachdas agus obraich le ùghdarrasan ionadail mar a dh'fheumar
- Obair le ar com-pàrtichean sna companaidh adhair air iomairtean gus piseach a thoirt air càileachd adhair ionadail
- Gluaisean gu carbadan beag-eimisein
- Brosnaich roghainnean còmhaghail phoblach airson luchd-obrach agus luchd-siubhail
- Brosnaich obair shùbailte is mheasgaichte leis an luchd-obrach againn gus tursan càr do na puirt-adhair againn a lùghdachadh.

Sgrùdadh cùise – Aonadan Cumhachd Talamh Dealain

Bidh Aonadan Cumhachd Talmhainn a' toirt cumhachd do phléanaichean nuair a tha iad nan seasamh agus bidh iad a' toirt seachad a' chumhachd a tha a dhith gus soitheach-adhair a chur gu dol. Gu traideanta tha cumhachd an diosail aig Aonadan Cumhachd Talmhainn, tha seo air a bhith a' cur ris an lorg carboin againn agus a' toirt droch bhuaidh air càileachd adhair ionadail.

Tha HIAL air tasgadh ann an còrr is 17 Aonadan Cumhachd Talmhainn dealanach no dealanach/measgaichte a' frithealadh Inbhir Nis, Beinn na Faogha, Sumburgh, Kirkwall agus Steòrnabhagh, a' cuideachadh le bhith a' lùghdachadh eimiseanan carboin agus a' toirt piseach air càileachd adhair.

Priomh-amasan

- Lùghdaich buaidhean air càileachd adhair bho ghniomhachdan obrachaidd mu choinneamh bun-loidhne 2019 ro 2032
- Obraich le companaidhean-adhair, riochdairean làimhseachaidh chompanaidhean adhair agus com-pàrtichean gus buaidhean càileachd adhair a lùghdachadh tro bhith a' tasgadh ann an teicneòlas ùr leithid carbadan le eimiseanan iosal, connaidhean agus uidheamachd talmhainn
- Dèan sgrùdadh cunbalach agus deuchainnean eimiseanan air a h-uile carbad a tha ag obair air na raointean-adhair againn
- Thoir a-steach poileasaidh air feadh na companaidh gus carbadan measgaichte/dealanach agus Euro-6 fhaighinn mar a' chiad roghainn
- Dèan sgrùdadh air roghainnean carbaid stèidhichte air rangachd eimiseanan: eimiseanan iosal, cosgais cead iosal; sgaoilidhean àrd, cosgais cead àrd.



A' lughdachadh na buaidh àrainneachdail againn

Colbh 5 – Eag-eòlas agus Cruth-tìre

Is urrainn sgaoilidhean àrainneachdail bho phuirt-adhair, leithid uisge, èadhar, agus fuaim droch bhuaidh a thoirt air àrainnean agus gnèithean ionadail. Faodaidh gniomhan calpa leithid togail buaidh a thoirt air caractar is coltas cruth-tìre a bharrachd air geòlas, drèanadh, geomorphology. Is urrainn gniomhan obrachaidh cuideachd buaidh a thoirt air cruth-tìre agus eag-eòlas, mar eisimpleir truailleadh solais is fuaim.

Tha uallach air HIAL airson oighreachd mhòr anns a bheil tòrr lusan is ainmhidhean cudromach. Tha mòran den oighreachd seo air a dhèanamh suas de raointean mòra de thalamh feòir le mòran làraichean ri taobh àrainneachdan fior-uisge agus mara. A bharrachd air sin, tha mòran de na làraichean aig HIAL suidhichte ri taobh, no faisg air, raointean a chaidh a chomharrachadh airson glèidhreachas nàdair. Tha iad sin a' gabhail a-steach Làraichean le Suim Shònraichte Shaidheansail, Sgirean Glèidhreachais Sònraichte, Sgirean Dion Sònraichte, làraichean Ramsar agus Làraichean Dion Mara. Tha na h-àrainnean sin a' cumail taic ri raon farsaing de dh'fhiadh-bheatha, a' gabhail a-steach dòbhrain agus cruinneachaidhean de dh'èòin. Tha HIAL a' cumail dlùth cheangal ri Nàdar Alba, RSPB agus buidhnean àrainneachd eile gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail suas cothromachadh eadar glèidhreachas agus sàbhailteachd phléanaichean.

Gus taic a chumail ri libhrigeadh nam priomh amasan againn, ni sinn nas leanas:

- Sgrùdadh air slatan-tomhais bith-iomadachd agus cothroman duais
- Tog air toraidhean Sgrùdadhian Àrainnean ìre 1 gus planaichean riaghlaidh eag-eòlas a chruthachadh airson gach port-adhair
- A bhith ag amas air buannachd bith-iomadachd a bharrachd gus cuideachadh le bhith a' déligeadh ri buaidhean atharrachadh na gnàth-shide
- Beachdaich air leasachaidhean bith-iomadachd agus cothroman ann an leasachadh pròiseactan calpa.

Prìomh-amasan


- Stèidhich com-pàirteachasan le coimhairsnachdan ionadail agus urrasan glèidhreachais gus pròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhairsnachd a chomharrachadh agus a cho-òrdanachadh gus bith-iomadachd àrdachadh agus àrainnean air oighreachd a' phuirt-adhair a leasachadh
- Cuir an gniomh atharrachaidhean air na dòighean aithris fiadh-bheatha againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' sior leasachadh a thaobh sgrùdadh treandaichean sàbhailteachd fiadh-bheatha, a' toirt cothrom dhuinn ath-sgrùdadh a dhèanamh bho àm gu àm air dUILHEADAS sam bith a chaidh ainmeachadh agus ar measaidhean

Sgrùdadh Cùise – Bith-iomadachd

Tha na puit-adhair againn taobh a-staigh, ri taobh, no faisg air raointean a tha air an dion gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta airson glèidhreachas nàdair. Tha iad sin a' gabhail a-steach Làraichean le Suim Shònraichte Shaidheansail, Sgirean Glèidhreachais Sònraichte, Sgirean Dion Sònraichte, làraichean Ramsar agus Làraichean Dion. Tha raon farsaing agus eadar-mheasgte de dh'àrainnean ann far a bheil lusan, biastagan, fungasan agus fiadh-bheatha eadar beag is mòr thar nam port-adhair uile againn agus tha sinn gu mòr airson ceumannan a ghabhail gus glèidhreachas bith-iomadachd a leasachadh air feadh na h-oighreachd againn, a' gabhail a-steach:

- Riaghladh fàsmhorachd leithid cumail suas poileasaidhean feòir fada gus gnèithean dùthchasach de lusan, biastagan agus eòin a dhion
- Stiùireadh eòin, a' gabhail a-steach a bhith ag obair leis an RSPB gus sgrùdadh agus mapadh a dhèanamh air raointean far a bheil eòin a' neadachadh agus a' dol air spiris gus slighean itealaich agus raointean biadhaidh a chomharrachadh
- Stiùireadh uisge a' gabhail a-steach a bhith a' togail sgudail agus a' dol an sàs gu gniomhach ann am pròiseas Dealbhadh Rianachd Sgirean-Aibhnichean mar bhall de Bhuidheann Comhairleachaidh Sgire Ceann a Tuath na Gàidhealtachd aig Buidheann Dion Àrainneachd na h-Alba (SEPA)
- Àrdachadh agus cruthachadh àrainnean a' gabhail a-steach bacaidhean dion cladaich agus pròiseactan diona do dhùin-ghainmhich a bharrachd air 'ruith geàrr' gus geàrran a stiùireadh air falbh bhon raointean-laigne agus slighean-tacsaidh.

- cunnairt ùrachadh, a' gabhail a-steach smachdan cunnartan agus teicneòlasan air an cleachadh gus smachd a chumail air fiadh-bheatha air na raointean-adhair
- Cleachd an talamh againn airson leas nan coimhairsnachdan ionadail againn
- Co-obrachadh leantainneach le NatureScot gus àrainnean eòin ionadail a riaghladh agus cleachd dòighean neo-mharbhtach gu h-èifeachdach airson casg a chur air bualaidhean eòin aig puit-adhair HIAL
- Cruthaich Ro-innleachd Bith-iomadachd, a' gabhail a-steach nan 11 puit-adhair gu lèir.



Solais raon-laigne le cumhachd na gréine aig Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain

www.hial.co.uk



Cuspair 2 – A' cumail taic ris na coimhearsnachdan is ris na daoine againn

A chionn 's nach eil ach beagan roghainnean siubhail air uachdar ann, tha ceanglaichean adhair deatamach do na ceàrnaidhean as iomallaiche den Ghàidhealtachd, agus gu sònraichte do na h-Eileanan. Tha puit-adhair HIAL a' cumail taic ri seirbheisean loidhne-teasairginn do na coimhearsnachdan ionadail againn agus a' cumail taic ri buannachd shòisealta agus soirbheachas eaconamach do na coimhearsnachdan a bhios sinn a' frithealadh.

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-irean proifeiseanta as àirde. Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach.

Colbh 6 – Na Daoine againn

Tha na daoine againn aig cridhe HIAL, agus tha e an urra rinn dèanamh cinnteach gun ruith sinn lionra phort-adhair sàbhailte agus fàilteach aig na h-irean proifeiseanta as àirde. Is e ar n-amas àrainneachd obrach adhartach a chruthachadh le fòcas air sunnd nan daoine againn agus cothromachadh beatha-obrach èifeachdach. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil HIAL fhathast na fhastaiche dha bheil daoine airson a bhith ag obair, agus a' tàladh raon farsaing de dhaoine bho air feadh a' chomainn-shòisealta againn, cumaich sinn oirnn ag ath-sgrùdadh nan cleachdaidhean agus pasganan obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rér amasan an luchd-obrach againn san àm ri teachd.

Tha sàbhailteachd na bhunait airson gach pàirt den obair againn. Tha prògram sàbhailteachd is tèarainteachd làidir againn a choileanas gèilleadh riaghlaidh air feadh na buidhne againn. Bidh sinn an-còmhnaidh a' dèanamh ath-sgrùdadh air na siostaman agus na modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-irean as àirde de choileanadh sàbhailteachd aig a' bhuidhinn againn agus aig gach port-adhair againn. Tha sunnd nan daoine againn cudromach dhuinn, agus tha ar ro-innleachd Slàinte, Sàbhailteachd agus Sunnd a' brosnachadh dòighean-beatha fallain agus ag cur air adhart cultar obrach adhartach.

Gus taic a chumail ri libhridgeadh nam priomh amasan againn, ni sinn na leanas:

- Foillsichidh sinn Aithisg Beàrn Pàighidh Gnè agus cruthaich Plana Gniomh
- Brosnaichidh sinn cothroman ionnsachaидh is leasachaيدh do na daoine againn
- Bheir sinn a-steach teicneòlas a bharrachd gus conaltradh èifeachdach agus stiùireadh dhaoine a leasachadh
- Brosnaichidh sinn Prògram Taic an Luchd-obrach.

Sgrùdadh Cùise – Gaisgich Àrainneachdail

Tha sgioba de Ghaisgich Àrainneachdail againn, a tha a' roichdachadh nam port-adhair gu lèir againn. Bidh na Gaisgich a' cumail taic ri libhridgeadh na ro-innleachd le bhith a' cruinneachadh fiosrachadh mun àrainneachd, a' comharrachadh iomairean ionadail agus a' togail mothachadh air cùisean aig ire ionadail.

Ro Covid-19 thug na Gaisgich Àrainneachdail againn a-steach goireasan compostaidh, a' cur soithichean sgudail bidh anns a' Phriomh Oifis agus taobh a-staigh Togalach na Còmhdhail Motair agus thòisich iad a' cruinneachadh aodach airson tabhartasan carthannach.

Priomh-amasan

- Dèan cinnteach gum bithear a' cur gu leantainneach ri stiùireadh atharrachadh èifeachdach tron ghniomhachas air fad
- Dèan cinnteach gu bheil na daoine ceart againn leis na sgilean ceart gus seirbheisean àrd-chàileachd far a bheil sàbhailteachd dheatamach a libhridgeadh
- Stiùirich agus leasaich daoine gus am bi iad sùbailte agus freagairteach agus iad fhathast a' toirt seachad thoraidhean sàr-mhat.



A' cumail taic ris na coimhearsnachdan is ris na daoine againn

Colbh 7 – Na Coimhearsnachdan againn

Tha puit-adhair HIAL nam pàirt riatanach de lionra còmhdhail ro-innleachdail na h-Alba. Bidh gach port-adhair a' toirt seachad ceanglaichean adhair ro-chudromach agus a' toirt taic do na seirbheisean loidhne-teasairginn a tha fior dheatamach do na coimhearsnachdan ionadail againn.

Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair gu dlùth le ar com-pàirtichean agus coimhearsnachdan ionadail agus tha sinn air grunn cheumannan adhartach a ghabhail o chionn beagan bhliadhnaichean. Tha sinn air na leanas a dhèanamh:

- Com-pàirteachas a chruthachadh le Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, a tha na sgrùdadh cùise airson oilleanaich eòlas gniomhachais a bharrachd air a bhith toirt seachad luchd-obrach gus bruidhinn ri oilleanaich
- Chruthaich sinn poileasaidh obair shaor-thoileach luchd-obrach a' tabhann dà latha de dh'fhoradh pàighe sa bhliadhna airson luchd-obrach gus gniomhan coimhearsnachd no carthannach a dhèanamh
- Dh'fhsogail sinn goireas Changing Places ann am Port-adhair Sumburgh ann an com-pàirteachas le Ability Shetland.

Gus taic a chumail ri libhrigeadh nam priomh amasan againn, nì sinn na leanas:

- Cruthaichidh agus foillsichidh sinn Poileasaidh Com-pàirteachaidh agus stiùireadh co-cheangailte, gus dèanamh cinnteach gu bheil fréam conaltraidh èifeachdach ann
- Ni sinn ath-sgrùdadh air na fòraman conaltraidh coimhearsnachd fairmeil a tha stèidhichte aig puit-adhair HIAL gus dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach chunbalach, ach sònraichte airson gach port-adhair, gus fiosrachadh a cho-roinn agus gus beachdan fhaighinn bho luchd-ùidh ionadail air cùisean co-cheangailte ri puit-adhair fa leth ann an dòigh le structar
- Obraichidh sinn còmhla ri sgoiltean ionadail, colaiscean agus oilthighean gus cothroman cosnaidh ann an seirbheisean adhair a bhrosnachadh agus obraichidh sinn còmhla air pròiseactan
- Thoir taic do bhuidhnean carthannais agus coimhearsnachd ionadail tro mhaoineachadh, co-roinn goireasan agus cothroman saor-thoileach.

Sgrùdadh Cùise – Trèanadh Smàlaidh

Bidh an t-Seirbheis Smàlaidh Port-adhair againn a' libhrigeadh raon de chùrsaichean trèanadh smàlaidairreachd mara ann an Sumburgh agus Kirkwall. Tha na cursaichean seo a' tabhann na buannachd de bhith a' toirt seachad trèanadh le a tha riatanach fo riaghailtean/reachdas do luchd-obrach mara air na h-eileanan aca fhèin leis na buannachdan a leanas:

- Tha a' bhuaidh àrainneachdail bho bhith a' siubhal gu tir-mòr air a lasachadh gu tur
- Tha cosgaisean co-cheangailte ri siubhal is bith-beò air an lùghdachadh, a' cumail airgead anns na h-eaconamaidhean ionadail
- Bidh luchd-obrach fhathast anns an eilean agus rim faighinn mar a dh'fheumas am fastaichean.
- Tha HIAL agus UHI Sealainn, Comhairle Shealtainn agus UHI Arcaibh air dàimhean obrach èifeachdach a thogail.

Tha obair a' dol air adhart gus an trèanadh seo a thoirt a-steach ann an Steòrnabhagh agus gus an tairgse a leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach Smàladh Mara Adhartach, a bheir na buannachdan do bhuidheann nas motha de luchd-fastaidh.

Priomh-amasan

- Cùm dàimh fhosgalte agus fhollaiseach leis na coimhearsnachdan ionadail againn
- Dèan cinnteach gu bheil na puit-adhair agus na goireasan againn ruigsinneach do na h-uile
- Thoir taic do bhuidhnean carthannach agus coimhearsnachd
- Thoir taic do ghniomhachas ionadail tron t-sèine solair againn
- Obraich còmhla ri sgoiltean, colaiscean agus oilthighean ionadail gus gniomhachas agus an saoghal acadaimigeach fhilleadh a-steach agus gus cothroman com-pàirteachais a chruthachadh gus taic a thoirt do dh'amasan coitcheann a h-uile duine a tha an sàs ann.



A' cumail taic ris na coimhearsnachdan is ris na daoine againn

Colbh 8 – Fuaim

Ged is e fuaim a thig bho phlèanaichean nuair a bhios iad a' falbh is a' laighe a' phriomh adhbhar airson truailleadh fuaim aig puirt-adhair, bidh trafaig a' siubhal ann agus às, a bharrachd air trafaig timcheall air a' phort-adhair cuideachd a' cur ris seo. Ach a-mhàin Inbhir Nis, tha a' mhòr-chuid de na puirt-adhair againn air am frithdealadh le itealain turboprop a tha gu math sàmhach sa mhòr-chuid. Dh'fhaodte gum bi buaidh fuaim ann cuideachd nuair a bhios obair togail no càraidh a' dol air adhart.

Is urrainn truailleadh fuaim buaidh a thoirt air luchd-obrach puirt-adhair, air coimhearsnachdan ionadail agus air fiadh-bheatha. Dh'fhaodte gum bi na buaidhean seo gu sònraichte cudromach ann an àiteachan dùthchail no iomallach far a bheil fuaim cùl-raoin ional. Ach, is urrainn fuaim buaidh a thoirt air daoine ann an sgìrean bailteil cuideachd.

Is urrainn fuaim aig an obair call claisneachd adhbharachadh a dh'fhaodadh a bhith sealach no maireannach agus feumaidh sinn luchd-obrach a dhion bho fhuaim. Rinneadh measaidhean fuaim airson puirt-adhair Dhùn Dè agus Inbhir Nis mar-thà agus aig an àm seo, tha sinn ag obair tro na gniomhan a thathar a' moladh.

Gus taic a chumail ri libhrigeadh nam priomh amasan againn, nì sinn na leanas:

- Cruthaichidh sinn iùl a mhìnicheas modhan ruigsinn is fàgail do choimhearsnachdan ionadail
- Ni sinn conaltradh le coimhearsnachdan ionadail agus luchd-ùidh gus buaidhean fuaim a thuiginn agus gus an lasachadh ma ghabhas sin dèanamh
- Ni sinn conaltradh le úghdarrasan dealbhaidh ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' beachdachadh air gniomhachd itealain nuair a thathar a' leasachadh fearainn.

Priomh-amasan

- Dèan measaidhean air cunnartan fuaim luchd-obrach aig na puirt-adhair HIAL gu lèir
- Dèan sgrùdadhbhair gearanan fuaim taobh a-staigh 20 latha obrach
- Obraich còmhla ri com-pàirticean sna compañaidean adhair agus Smachd Trafag Adhair gus fuaim co-cheangailte ri gluasadán sothicéan-adhair a lùghdachadh aig àm falbh, laighe agus tagsaidheadh
- Obraich còmhla ri com-pàrticean seirbheisean adhair gus brosnachadh gun téid na soitheach-adhair as èifeachdaiche a chleachdadh anns na puirt-adhair againn
- Cruthaich àrd-ùrlar conaltraidh gus coimhearsnachdan ionadail oideachadh mu mhodhan agus fuaim nan sothicéan-adhair
- Dèan sgrùdadhbhair atharrachaidhean air slighean ruighinn is fàgail a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air èifeachdas obrachaidh agus lùghdachadh fuaim.

Sgrùdadhbhair Cùise – Sreap is Teàrnadh

Leantanneach

Tha sinn ag aithneachadh gun urrainn fuaim bho sheirbheisean adhair droch bhuaidh a thoirt air an fheadhainn a tha a' fuireach faisg air puirt-adhair no air slighean itealain. Is e a th' ann an Sreap is Teàrnadh Leantanneach ach dòighean obrachaidh itealain a leigeas le itealain a tha a' tighinn no a' falbh a bhith a' dol sios no sreap gu leantanneach, chun na h-ire as motha a ghabhas dèanamh. Le bhith a' cleachdadh nan slighean itealaich as fheàrr, cuidichidh seo le bhith a' lùghdachadh fuaim a bharrachd air losgadh connaidh gun a bhith a' toirt droch bhuaidh air sàbhailteachd nan seirbheisean adhair.

Ni HIAL ath-sgrùdadhbhair gniomhachd aig na puirt-adhair aige gus faighinn a-mach am biodh e comasach na pròiseasan sin a thoirt a-steach gus buannachdan lùghdachaidh fuaim is connaidh a libhrigeadh.



Port-adhair Cheann Loch Chille Chiarain



A' cumail taic ris na coimhearsnachdan is ris na daoine againn

Colbh 9 – Ruigseannachd air an talamh

Tha ruigsinneachd air an talamh a' ciallachadh nan slighean còmhdaile a ghabhas luchd-siubhail agus luchd-obrach puirt-adhair gu puirt-adhair agus air ais. Tha ruigsinneachd air an talamh na tùs cudromach de dh'eimiseanan gasaichean taigh-glainne Sgòp 3 (eimiseanan neo-dhireach air adhbharachadh mar thoradh air gniomhachd a' phuirt-adhair a' gabhail a-steach gluasadan itealain, ruigsinneachd luchd-obrach is luchd-siubhail air an talamh, a' faighinn cuidteas sgudail agus caiteamh uisge) agus tha seo cuideachd a' cur ri truilleadh èadhair is fuaim ionadail. Mar thoradh air far a bheil na puirt-adhair againn suidhichte, tha sinn mothachail gum feum sinn obrachadh ann an com-pàirteachas le com-pàirteachasan còmhdaile leithid HITRANS, ZETRANS agus ùghdarrasan ionadail gus dèligeadh ri cùisean ruigsinneachd talmhainn.

Tha grunn dhùblain ann le far a bheil na puirt-adhair againn air an stèidheachadh leis nach eil slighean còmhdaile phoblach cunbalach do cuid de na puirt-adhair iomallach againn. Anns an t-suidheachaidhean sin, 's ann le càr priobhaideach a tha a' mhòr-chuid de dhaoine a' dol ann ann an càraichean priobhaideach.

Priomh-amasan

- Gum bi 20% de dh'àiteachan pàircidh HIAL a' tabhann puirt teàirrdsidh do Carbad Dealain aig puirt-adhair le bhun-structair ann mar-thà ro 2030
- Obraich còmhla ri companaidhean màil-chàraichean gus cabhlach làn dealain a bhrosnachadh is a chuideachadh

Gus taic a chumail ri libhrigeadh nam priomh amasan againn, nì sinn na leanas:

- Brosnaichidh sinn roghainnean còmhdaile phoblach do luchd-obrach agus luchd-siubhail far a bheil sin comasach
- Ni sinn sgrùdaidhean air siubhail gus tuigse fhaighinn air, agus gus dèligeadh ri cnapan-starra a thaobh cleachdadh còmhdaile phoblach
- Brosnaichidh sinn roghainnean siubhail gniomhach airson a bhith a' siubhal gu agus bho na puirt-adhair
- Ni sinn conaltradh le companaidhean màil chàraichean gus an gluasad a luathachadh gu cabhlach de charbadan dealanach a-mhàin
- Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus priomh luchd-ùidh gus cothroman a chomharrachadh gus bun-structar teàirrdsidh a leasachadh.



Tachartas Carthannais Coimhearsnachd "Ruith an Raoin-laighe" aig Port-adhair Inbhir Nis



Cuspair 3 – Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin

Tha Riaghaltas na h-Alba air targaid a shuidheachadh gum bi a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan mar a' chiad sgìre adhair le cothromachadh carbon san t-saoghail ro 2040. Tha dealas againn a bhith a' cluich ar pàirt agus ag obair ann an com-pàirteachas le càch gus an targaid seo a lìbhrigeadh.

Cuspair 10 – Amasan a thaobh cothromachadh-carboin

Ann an 2019, bha roinn nan seirbheisean adhair a' déanamh suas mu 7% de dh'eimiseanan CO₂e na RA³. Dh'adhbharaich galar lèir-sgaoilte Covid-19 lùghdachadh ann an eimisesanan air feadh na cruinne. Ach, thathar an dùil gun èirich iad sin gu na h-irean a bh' ann ron ghalair lèir-sgaoilte ro 2024 agus gun cùm iad orra a' fàs às dèidh sin. Tha pàirt ro-chudromach aig HIAL ann a bhith a' lùghdachadh eimiseanan aig na puirt-adhair agus a' co-obrachadh le companaidhean-adhair gus dùblain riaghlaigh carboin a choileanadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba air dealas làidir a nochtadh a thaobh riaghlaigh carboin le bhith ag ainmeachadh gum bi a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan na Sgìre Seirbheisean Adhair le cothromachadh-carboin ro 2040.

Gus cothromachadh-carbon a ruigsinn, feumaidh tuigse mhionaidheach a bhith againn air na h-eimiseanan againn an-dràsta agus san àm ri teachd.

Bidh sinn a' tomhas ar lorg carboin gach bliadhna a' cleachdadh Pròtacal Gas Taigh-glainne (GHG), an t-inneal cunntasachd eadar-nàiseanta as mothà a tha ga chleachdadh.

Tha am Pròtacal GHG a' seòrsachadh sgaoilidhean ann an trì raointeann:

Sgòp 1 – Eimiseanan direach bho chonnadh a tha air a losgadh air an làraich, leithid goileadairean, gineadairean, carbadan obrachaidh agus trèanadh teine, call gas fuarachaидh agus stuth di-reothaidh puirt-adhair

Sgòp 2 – Eimiseanan neo-dhireach bho bhith a' cruthachadh an dealain a chaidh a cheannach

Sgòp 3 – Eimiseanan neo-dhireach air adhbharachadh mar thoradh air gniomhachd a' phuirt-adhair a' gabhail a-steach gluasadan soitheach-adhair, ruigsinneachd uachdar luchd-obrach is luchd-siubhail, faighinn cuidheas sgudail agus caitheamh uisge

Tha HIAL air roghnachadh lorg carboin 2018/19 a chleachdadh mar a' bhliadhna bhunaiteach airson eimiseanan a lùghdachadh. 'S e am priomh amas againn na h-eimiseanan carboin againn a lùghdachadh – a' tòiseachadh leis na h-eimiseanan Sgòp 1 is 2, an fheadhainn air a bheil smachd againn gu direach. Coimheadaidh sinn an uair sin air mar as urrainn dhuinn eimiseanan Sgòp 3 a lùghdachadh (is iad sin eimiseanan le treas pàrtaidhean) ann an com-pàirteachas le daoine eile, a' gabhail a-steach companaidhean adhair. Rè na h-ùine seo b' iad na h-eimisesanan Sgòp 1 agus 2: 5,074 tCO₂e.⁴

³ Sustainable Aviation, 2020

⁴ Dòigh-obrach Stèidhichte air Àite

| | Eimiseanan iomlan 2018/19 (tCO ₂ e) | % de dh'eimiseanan iomlan |
|---------------|--|---------------------------|
| Sgòp 1 | 2735 | 54 |
| Sgòp 2 | 2339 | 46 |
| A-mach à sgòp | 8 | 0 |
| iomlan | 5082 | 100 |

Le bhith a' tuigsinn cò às a tha na h-eimiseanan againn a' tighinn, is urrainn dhuinn iomairtean a chruthachadh gus eimiseanan a lùghdachadh. Tha HIAL a' cruthachadh maparathaid Cothromachadh-carboin aig an àm seo, a thathar an dùil fhoillseachadh ann an 2023; curidh seo an cèill prògram de cheumannan lùghdachaidh carboin a bhios a dhith gus Cothromachadh-carboin a choileanadh ro 2040. 'S e am priomh amas againn sgaoilidhean carboin a lùghdachadh, a' tòiseachadh le sgaoilidhean Sgòp 1 agus 2 agus an uair sin sgaoilidhean Sgòp 3 ann an com-pàirteachas le buidhnean eile, companaidhean-adhair nam measg. Thathar a' coimhead air frith-chothromachadh mar an roghainn mu dheireadh, mar rud a nithear gus dèiligeadh ris na h-eimiseanan nach gabh a lùghdachadh.





Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin

Cuspair 10 – Amasan a thaobh cothromachadh-carboin (a' leantainn)

Tha sinn air grunn cheumannan a ghabhail mar-thà gus na h-eimiseanan carboin agus caitheamh lùths a lughdachadh, nam measg:

- A' stàladh siostam CHP haidridean tro chom-pàirteachas ùr-ghnàthach aig port-adhair Kirkwall
- A bhith nar priomh bhuidheann ann am prògram Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE) stèidhichte aig port-adhair Kirkwall gus deuchainnean a dhèanamh air itealain beag-charboin agus connadh adhair seasmhach, a' luathachadh a' għluasaid gu seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin
- A' cruthachadh Plana Riaghlaidh Carbon airson gach port-adhair gus dèiligeadh ri dùblain shònraichte làraich agus gus dèanamh cinnteach gun tèid adhartas a dhèanamh mu choinneamh thargaidean
- A' faighinn creideas gu īre 1 (Mapadh) ann an Sgeama Barrantachaíd Carbon nam Port-adhair agus ag aithris air eimiseanan a rèrei riatanasan aithris īre 4 aig ACA.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil slighe fhada againn ri dhol gus cothromachadh-carboin a ruigsinn, agus gus taic a thoirt do libhriġeadh nam priomh amasan againn nì sinn na leanas:

- Cruthaich agus foillsich Mapa-rathaid Cothromachadh-carboin
- Dèan measadh air modhan ruighinn is fàgail soitheach-adhair làithreach gus cothroman sàbhalaidh eimiseanan a chomharrachadh agus mapa-rathaid a chruthachadh gus sàbhalaidhean comharrachte a chur an gniomh
- Cruthaich ro-innleachd frith-chothromachadh, ag aithneachadh gur e ceum eadar-amail a th' ann am frith-chothromachadh agus gum feum frith-chothromachadh sam bith a thèid a cheannach a bhith earbsach
- Dèan sgrùdadh air frith-chothromachadh, a' ruiginn cothromachadh-carboin gniomhan Sgòp 1 agus 2 tro theisteanas PAS 2060
- Cuir taic ri cruthachadh Connaidhean Adhair Seasmhach agus brosnaich a bhith gan cleachdadh aig na puit-adhair againn tro bhrosnachadh eaconamach
- Thoir taic do ghniomhachas nas fharsainge agus obraich le com-pàirtichean sna companaidh adhair air teicneòlas beag-charboin.



Port-adhair Dhùn Dè

Priomh-amasan

- Bheirear a-steach prògram obrach gus obraichean agus bun-structair phort-adhair agus seirbheisean adhair taobh a-staigh na Gàidhealtachd is nan Eilean a dhi-charbonachadh
- Ruig īre 2 den sgeama ACA sa gheàrr-ùine agus obraich a dh'ionnsaigh īre 4+ san fhad-ùine
- Rannsaich a h-uile cothrom gus taic a chumail ri teicneòlas beag-charboin agus obraich le com-pàrtichean gus am bun-structar a chruthachadh gus deuchainn a dhèanamh air itealain gun eimiseanan agus, far a bheil e comasach, an toirt a-staigh a sheirbheis airson cuid de shlighean taobh a-staigh an lionra againn
- Brosnaich sothichean-adhair beag-charboin aig puit-adhair HIAL
- Lorg com-pàirteachasan ùra airson co-obrachadh.



Seirbheisean adhair le cothromachadh-carboin

Rannsachadh-cùise – Àrainneachd Deuchainn Seirbheisean Adhair Seasmhach (SATE)

Chruthaich a' chiad ire den phròiseact tionnsgalach seo a' chiad ionad deuchainn adhair carbon-iosail stèidhichte air obrachadh san RA ann am Port-adhair Kirkwall ann an Arcaibh.

Bha ìre 1 a' gabhail a-steach tursan-adhair soirbheachail a' taisbeanadh teicneòlas itealain seasmhach ùr-ghnàthach, a chomharrach buannachdan dha-riribh do choimhearsnachdan iomallach.

- Na ciad sheirbheisean-adhair dealain measgaichte airson Alba air an dèanamh le Ampaire
- Companaidh teicneòlais sònraichte dròn Windracers leis a' Phost Rioghaill air tursan-adhair fèin-obrachail, deuchainn shoirbheachail a' libhrigeadh post gu coimhairsnachdan iomallach, leis a' Phost Rioghaill a' cur an teicneòlas seo an gniomh aig ire mòran nas fharsainge mar thoradh air seo
- Chaidh goireasan hangar sònraichte agus oifisean a chruthachadh cuideachd aig Port-adhair Kirkwall, a' chiad ionad deuchainn itealain beag-charboin san RA a tha stèidhichte aig port-adhair coimeirsealta
- A' toirt togail luach £5m do dh'Arcaibh.

A' coimhead air adhart gu 2022/23, leis a' mhaoineachadh de £8.9m a thug Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh na RA (UKRI) seachad mar phàirt de cho-fharpais Future Flight Challenge, is urrainn dhan phrògram a dhol dhan ath-ire leasachadh de SATE.

Ged a tha goireasan SATE stèidhichte ann am Port-adhair Kirkwall, tha ìre 2 a' gabhail a-steach planaichean airson obrachadh le coimhairsnachdan eile air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan agus bidh an teicneòlas ùr a' freagairt air cùisean cleachdaidh pragtaigeach gus buannachd a thoirt do choimhairsnachdan air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan.

Cuidichidh ìre 2 gus amas a' phròiseict a libhrigeadh a bhith a' leudachadh a sgéile agus a bhith na ionad Sàr-mhathais airson Seirbheisean-adhair Roinneil Seasmhach san RA.



Tha am Post Rioghaill ag obair còmhla ri Windracers gus post a libhrigeadh gu Ronaldsay a Tuath ann an Arcaibh le dròn (dealbh le Colin Keldie, le cead bho phròiseact SATE)



A' cloraidgeadh sneachd bhon raoin-laighe, Port-adhair Inbhir Uige Taigh Iain Ghrot

Cuir fios thugainn

**Tha sinn dealasach a thaobh a bhith
ag ath-thogail agus a' leasachadh nan
seirbheisean againn agus bidh sinn a' cur
fàilte air beachdan nan com-pàirtichean,
custamairean agus luchd-siubhail againn.**

Bidh sinn a' cleachdad an fhiòs-air-ais a gheibh sinn gus sùil a chumail air ar coileanadh agus gus am fiosrachadh seo a thoirt a-steach dhan phròiseas dealbhaidh is riaghlaidh againn gus an t-seirbheis againn adhartachadh. Tha sinn toilichte leis an fhiòs-air-ais a bhios sinn a' faighinn agus tha sinn airson cluinntinn mu eisimpleirean de dheagh chleachdad agus càileachd seirbheis a tha nan deagh eisimpleirean de na h-irean seirbheis a tha sinn a' feuchainn ri thoirt seachad.

Ma tha rud sam bith a tha thu airson innse dhuinn mu dheidhinn, no ma tha thu ag iarraidh barrachd fiosrachaидh mu Phuirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta, cuir fios thugainn:

Faic an làraich-lìn againn::

www.hial.co.uk/contact-us

Cuir post-d thugainn:

info@hial.co.uk

Sgrìobh thugainn:

Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean,
Àrd-oifis, Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis IV2 7JB

 **Innis gur toigh leat sinn air Facebook:**
[@hialairports](https://www.facebook.com/hialairports)

 **Lean air Twitter sinn:**
[@Hial_Airports](https://twitter.com/Hial_Airports)

 **Cùm ann an co-luadar air Linkedin:**
Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Eta

 **Lean air Instagram sinn:**
[@hial_airports](https://www.instagram.com/hial_airports)



Highlands and Islands
Airports Limited
Puirt-adhair na Gàidhealtachd
is nan Eilean Earranta

© 2022 Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta.

Puirt-adhair na Gàidhealtachd agus nan Eilean | Àrd-oifis: Port-adhair Inbhir Nis, Inbhir Nis, Alba, IV2 7JB